

Harris Heritage Fishing Project 2007

Interview with Alasdair MacLeod (AML), Taigh a' Chnuic, Scalpay

(Original Transcript)

NB:

... denotes pauses in speech

[...] denotes text which has been edited out

JMD: *Seo Jo NicDhòmhnaill ann an taigh Alasdair Choinnich ann an Scalpaigh air an t-seachdamh latha dhan Lùnastal 2007. Tha sinn gu bhith a' bruidhinn mun iasgach. Tha eòlas agaibh fhèin air an iasgach ann an Sgalpaigh Alasdair?*

AML: Uill bha mi ris deich bliadhna fichead.

An robh gu dearbh?

Bha.

Cuin a thòisich sibh matha air an iasgach?

1961 a chaidh mise a-mach an toiseach.

Dè am bàta air an robh sibh?

'S e bàta air an robh a' *Venture* a bh' aig mo bhràthair an uair ud. Nuair a bha mise air falbh aig toiseach mo bheatha – uill an dèidh dhomh an sgoil fhàgail...bha mi ann an Dùn Èideann agus thug mi a-mach ciùird ann agus bha mi sia bliadhna...suas ri sia bliadhna ann an Dùn Èideann.

'S dè an obair a bh' agaibh?

Bha... electrical engineering a thug mi a-mach. Thug mi a-mach ciùird ann. Agus an uair sin gu mì-fhortanach 's dòcha...fortanach ann an dòigh nuair a sheallas mi air ais...chaidh mo ghairm airson National Service mara chanadh iad 's bha mi dà bliadhna ann am Feachd an Adhair. [...] Shin agad e. Agus thàinig mi dhachaigh an uair sin agus làn dhùil 'am a dhol air ais chun a' chiùird agus air ais gu tìr mòr 's bha mi air falbh aig agallamh no dhà 's ach, chan aithne dhomh, bha mo chridhe ann a sheo. Bha riamh mo chridhe ann a sheo. Eadhon fhad's a bha mi air falbh...na bliadhnaichean a bha mi air falbh...bha mo chridhe ann an Scalpaigh agus ann an dòigh bha mo chridhe aig an iasgach. Direach aig an àm...siud an t-àm aig an do thòisich daoine a' faighinn airgead bho Bhòrd Leasachaidh na Gàidhealtachd agus thàinig an *Remembrance* – tha mi smaoinichadh gur i a' chiad tè – tè air an robh an *Remembrance* agus bha am fear a fhuair an *Remembrance* bha e na fhear-criutha air a' bhàta aig mo bhràthair Iain. Agus an dèidh sin an uair sin thàinig tè air an robh an *Estralita*. An *Estralita* a bh' aig Murachadh...bha thu a'

bruidhinn ri Murchadh bho chionn ghoirid. Uill, fhuair esan an *Estralita* agus bha esan e fhèin na fhear-criutha sa bhàta aig Iain 's nuair a dh'fhalbh Murchadh 's nuair a cheannaich e an *Estralita* agus a dhealaich e ri Iain chaidh mise na àite dhan a' *Venture*...ann an 1961 's bha mi ann gun do leig sinn seachad e.

Dè an seòrsa eathar a bh' anns a' Venture?

Uill, 's e seòrsa ris an canadh iad *Ringer*. Sin obair a bh' againne – rud ris an canadh iad an *Ringnet*.

Ciamar a bha an Ringnet ag obair?

Bha an Ringnet...bha dà eathar ag obair còmhla ri chèile aig an Ringnet...mar a chanadh iad ann am paidhirichean.

Cha dèanadh sibh càil leibh fhèin?

Cha dèanadh tu càil nad ònrachd. Cha dèanadh. Bha an lion ga chur...can gun robh sinne dol a chur an lin...bha an lion ga chur...bha an companach againn a' togail a' chinn aige 's bha an dà bhàta an uairsin 's dòcha a' tòbhadh dreiseag bheag 's a' tighinn gu chèile 's a' toirt a' chinn sin air ais thugainn. Sin a dh'fhàg Ringnet air...bha e na chearcall cruinn. Bha thu an uair sin ga tharraing mar sin...a' toirt an àird a' bhuinn aige 's bha an sgadan a' fuireach ann.

'S an e an sgadan a-mhàin a bha sibh ag iasgach?

'S e an uair ud; dìreach sgadan anns an latha ud.

Cha robh sibh a' bodraigeadh ri giomaich no càil dhan t-seòrsa sin?

Cha robh, cha robh. Bha sinn a' dèanamh ar beòshlaint air an sgadan. Ach 's iomadh uair a bha mi ag innse seo. A' bhliadhna ud a chaidh mise a-mach...dìreach mun àm seo...deireadh an Lùnastail...'s dòcha no mun àm sin. Bha an cleachdadh aca 's ann trì uairean sa bhliadhna a bha iad a' roinn an airgid. Cha robh iad ga roinn a h-uile seachdain no h-uile cola-deug idir. Bha iad a' roinn an airgid aig a' bhliadhna' ùir 's aig àm òrdaighean an earraich agus aig àm òrdaighean an fhoghair. Agus chaidh mise a-mach agus bha òrdaighean an fhoghair air a dhol seachad agus nuair a chaidh an t-airgead a roinn aig a' bhliadhna' ùir, 's e trì notaichean deug a bh' agam agus trì pocannan buntàta.

Dè bhliadhna a bha sin ann?

Bha sin aig deireadh trì fichead is aonan (1961). Trì notaichean deug ann an trì mìosan 's bhiodh am buntàta...bhiodh iad a' ceannach buntàta ann an Gearrloch a bhiodh a' tighinn às an Eilean Dubh agus bhiodh na h-eathraichean, can aig deireadh na seachdain bhiodh iad ag òrdanachadh

buntàta 's dha thoirt dhachaigh à Geàrrloch 's ga roinn air a' chriutha. 'S bha an t-airgead a' tighinn às airgead a' chriutha, fhios agad.

Agus an robh sin math aig an àm?

O cha robh, cha robh. Bha siud truagh, truagh. Bheireadh siud ort...cha mhòr nach toireadh e ort sgar. Och, ach mar a thachair as dèidh na bliadhna 'ùire a-rithist thòisich iasgach thall air an tìr-mhòr – air tìr mòr Alba ma-tha. Agus chaidh sinn tarsainn ann a shin agus rinn sinn iasgach math an uair sin thall air an taobh sin. Cha robh càil ri fhaighinn ris a' chladach-sa idir airson dhà no thrì bhliadhnaichean an uair sin.

Nach robh gu dearbha? Saoil de dh'adhbhraich sin?

Uill chan eil fhios 'am. Cearcall air choireigin a bh' ann...mar gun deach an sgadan chun an taobh ud. Ach rinn sinn iasgach math thall eadar an Stòr agus Loch an Inbhir agus a-nuas gu Loch Iùbh 's timcheall air na h-àiteachan sin.

Dè cho fada 's a chaidh sibh?

Uill aig an sgadan siud e ...ach bha sinn ag obair sìos gu Ceann Bharraigh cuideachd air an sgadan cuideachd. Àite ris an canadh iad an Currachan – tha sgeir bheag a-mach far a' chladaich a-mach à beul a' Bhagh a Tuath – ris an canadh iad an Currachan. Bha e math airson sgadan. Bhiomaid a' dol ann a shin agus bhiomaid a' dol gu cladaich an Eilein Sgìtheanaich agus bhiodh sìos uaireannan gu Colla. Bhiomaid a' dol gu Banca Cholla. Bhiomaid a' dol cho fada sin uaireannan, bhiodh. Ach an uairsin, bha thu a' falbh Diluain 's bha thu a-muigh gu Disathairne fhios agad?

Air falbh fad na seachdain?

Bha sinn air falbh fad na seachdain.

Agus am biodh sibh a' dol a-mach cho fada ri Hiort?

O cha robh. Cha robh sinn air an taobh sin, ach uaireannan thug sinn iasgach a-mach à taobh siar Na Hearadh. A-mach Loch an taobh Siar eadar Tarasaigh agus Sodhaigh agus a-steach gu Bun Abhainn Eadarra ...fhios agadtimcheall ann a shin. Bha sinn ag iasgach a-mach gu Loch Rèasoirt agus Loch Thamanabhaigh ...bhiomaid a' dol dha na h-àiteachan sin cuideachd.

Dè an ùine a bha sibh air a' Venture?

Dh'fhalbh a' Venture...thog sinn a' chiad *Rìbhinn Donn* ann an trì fichead 's a sia.

An ann dhuibh fhèin a chaidh i sin a thogail?

Dhuinn fhèin, aidh. Chaidh a togail ùr dhuinn fhèin. Cha robh pàirt agamsa dhan a' Venture idir. Bha Iain air a' Venture fhaighinn trì bliadhna mun

deacha mise còmhla ris ach nuair a chaidh e airson na h-ath tè ghabh mise com-pàirt innte sin. Bha sin ann an trì fichead 's a sia.

Eadar an dithis agaibh?

Eadar an dithis againn, aidh.

Cà deach a togail?

Ann an Giorbhan. 'S ann ann a chaidh an tè a bh' aig Coinneach a thogail cuideachd agus an ath tè a bh' againn – siud an dealbh aice ann a shiud. Bha a' chiad *Rìbhinn Donn* againn gu trì fichead 's a trì deug. Chaidh sinn airson tè na bu mhotha an uair sin.

Dè a' mheudachd a bha sa Chiad Rìbhinn Donn?

A' chiad *Rìbhinn Donn* bha i dà fhichead troigh 's a sia deug (56 ft). 'S an ath tè bha i trì fichead 's a trì (63 ft). Bha i tòrr na bu mhotha. Bha i tòrr na bu mhotha.

Agus bhiodh einnseanan annta co-dhiù?

O bha, bha. Ach an Dàrna *Rìbhinn Donn* – an tè mu dheireadh a bh' againn, 's ann na toiseach a bha an t-einnsean. Sa bhitheantas 's ann an deireadh an eathair a tha an t-einnsean. Dh' iarr sinne an t-einnsean a bhith na toiseach.

Carson a bha sibh ag iarraidh sin?

Uill, bha comhfhurtachd againn. Bha na càibein mar a chanas sinne na deireadh 's bha an t-einnsean pìos bhuidhe 's cha robh fuaim ann fhios agad?

Seadh, 's cha robh e a' dèanamh eadar-dhealachadh sam bith car an eathair?

Cha robh. cha robh. Dh'obraich e math dhuinn. 'S ann a bha an fheadhainn a thog i ann an Giorbhan...bha iad ag ràdh gun robh aithreachas orra nach do rinn iad rona siud e.

Bha sin math, gun do smaoinich sibh air.

Bha. Smaoinich sinn air a siud.

Sin an dàrna tè?

Sin agad an dàrna tè – an tè mu dheireadh.

Co mheud agaibh a bha ag obair oirre?

Nuair a bha sinn aig an sgadan bha sianar. Bha sianar air gach bàta. Agus nuair a bha thu...nuair a bha an lìon ga chur agus am bàta eile a' tighinn thugad le ceann an lìn, bha ceathrar dhan a' bhàta sin a' tighinn air bòrd

thugainne. Bha dithis a' fuireach innte agus ceathrar a' tighinn air bòrd thugainne...dhan eathar a chuir an lion. Bha deichnear agad mar sin a' tarraing an lìn.

Seadh. Agus bha agaibh ri sin a dhèanamh le làimh?

Bha, bha. Uill, bha bonn an lìn ga thoirt a-staigh air *winch* agus bha an còrr. Bha còignear agad ann an deireadh a' bhàta agus bha còignear agad ann an toiseach a' bhàta.

Bha sin gu math trom.

Bha *winch* agad anns a' mheadhan a' tarraing an iochdair aige...sin agad mar a bha e.

Agus dè am bàt' eile a bha ag obair còmhla ribh?

Ach uill, bha dhà no thrì dhiubh ann.

Cha robh sibh an còmhnaidh ag obair leis an aon bhàta?

Uill, cha robh. Nuair a thòisich mise an toiseach 's e a' *Harmony* à Plocropol a bha còmhla rinn. Sin a' chiad tè a bha còmhla rinn. Agus an uair sin thàinig eathar nuair a fhuair Murchadh...uill nuair a thòisich Murchadh...nuair a fhuair Murchadh an *Estralita*. Bha trì againn ag obair còmhla ri chèile.

'S bha sin ag obrachadh cuideachd?

O bha, bha. Nuair a bha trì ag obair còmhla ri chèile, cha robh an dàrna tè ach na laighe gus am biodh tu deiseil airson tòiseachadh air ais.

Ach cha bhiodh ach dà eathar ag obair aig an aon àm?

'S e dà eathar a bhiodh ag obair. Ach tha mi creidsinn an fheadhainn a bu mhotha a chur sinn seachad a thìde còmhla riutha 's e am *Majestic* aig Dàbhaidh. Bha sinn ...Thòisich sinn an uair sin sna dhà no thrì bhliadhnaichean mu dheireadh as dèidh dhuinn an Rìbhinn Donn ud fhaighinn thòisich sinn air dòigh eile air iasgach sgadain...thòisich sinn air an *trawl*... *Mid-water trawl* a chanadh iad ris.

Dè an t-eadar-dhealachadh a bha ann a shin matha?

Uill, bha an dà eathar ann a shin...'s ann a' tòbhadh an lìn as do dhèidh a bha thu. Bha thu ga thobhadh dreis. Nuair a bha thu ga thobhadh dreis...

'S an robh e a' dol na bu dhoimhne no dè?

Chan eil mi ràdh gun robh e dol càil na bu dhoimhne ach bha sinn a' smaoinichadh gun robh e na b'fheàrr. Bha e na bu chumhachdaiche. Sin an obair a bh' againn mu dheireadh.

Bha Drioftairean ann cuideachd nach robh?

Bha, bha.

An robh iad sin ann mus robh na Ringnets ann?

O 's ann aig an *Drift* a bha iad mun tàinig an *Ringnet*.

Ciamar a bha sin a obair?

Cha robh sinn ach a' cur nan lion. Anns a' gheamhradh bhiodh iad a' cur nan lion air acraichean a-staigh anns na lochan. Mar bu trice tha mi smaoinichadh gur e deich lìn a bhiodh aca gan cur agus acaire aig gach ceann gan cumail. Bhiodh iad a' dol a-mach am beul na h-oidhche gan cur agus gan cur a-mach am beul an latha gan tarraing. Sin mar a bha iad as a' gheamhradh ach as t-samhradh a-nis nuair a bha an sgadan a-muigh aig doimhne 's ann a' cur nan lion as a dèidh a bhiodh iad. 'S dòcha dà fhichead lion...cha robh iad ach a' stretchadh as dèidh an eathair agus bha iad crochte ris an eathar fad na h-oidhche 's bhiodh iad an uair sin gan tarraing. Cha robh an oidhche cho fada. Bhiodh iad a-muigh fad na h-oidhche, croichte, na lìn, as t-samhradh. Cha robh mise riamh a-nis aig an obair sin, co-dhiù bha mi muigh ann an eathar beag a' cur a dhà no trì lìn ach cha robh mi riamh ri iasgach... ach bha Iain mo bhràthair mun d'fhuair e am bàta aige fhèin bha e dreiseag aig na driofts mar a chanadh iad.

Cuin matha a thòisich an Ringnet aig daoine ann a sheo?

Thòisich an *Ringnet*...thàinig a' chiad bhàta ùr dhachaigh ann a sheo ann an dà fhichead 's a h-ochd ('48). A' *Mhaighdeann Hearach* a bh' aig na Coineaganaich. Sin a' chiad eathar a chaidh a thogail ùr a thàinig a Scalpaigh.

Cà deach a togail? Bheil fhios agaibh?

Chaidh ann am Banbh. Ann am Banbh. 'S i a' chiad bhàt' ùr a thàinig a Sgalpaigh agus 's ann an uairsin faodaidh mi ràdh a thòisich iad air an *Ringnet* agus bha Iain mo bhràthair na fhear-criutha air a' *Mhaighdeann Hearach* agus bha iad shìos...saoilidh mi gun robh iad sia seachdainean shìos air a' Chluaidh...shìos air Cluaidh...ann an Àirdriseig agus Tairbeart Loch Fine 's na h-àiteachan sin còmhla ri bàta a bhuineadh dhan a sin shìos airson gum faigheadh iad beagan ionnsachadh mun dòigh iasgaich a bha seo oir bh' e ùr dhuinne an uair sin. Agus sin agad mar gum biodh nuair a thòisich e.

Agus an uair sin bha feadhainn eile a' faicinn mar a bha seo ag obair agus bha iad fhèin ga dhèanamh?

Sin agad e, tha mi a' smaoinichadh. Bha an *Scalpay Isle* agus a' *Mhaighdeann Hearach* – sin na dhà a bh' ann an toiseach, nuair a thòisich iad an toiseach air. Dh'fheuch iad air le tè no dhà dha na seann eathraichean gun teagamh ach cha robh na h-eathraichean freagarrach air a shon. Agus 's e an

uair sin, nuair a cheannaich Iain a' *Venture* ann an – dursta bh'ann – dà fhichead 's a h-ochd deug (58), sin an ath tè a thàinig dha na *Ringers*.

Agus am faigheadh sibh fada a bharrachd èisg anns an Ringnet?

Na gheibheadh tu ann an *Drifts*? O Thia gheibheadh, gheibheadh, gheibheadh.

Mar sin bha barrachd prothaid ann?

O bha, bha. 'S cha robh an obair ann. Cha robh e cho cruaidh. Cha robh e cho cruaidh ris na lìn, ris na *Drifts*. Bha tòrr obair anns na *Drifts* – gan tarraing fhios agad.

An robh an t-iasgach anns an teaghlach agaibh riamh?

O bha m' athair ag iasgach riamh. Cheannaich m' athair a' chuid co-dhiù de dh'eathar far an taobh Sear ann an 1921. Cheannaich e fhèin... 's e am *Britannia* a bh' oirre. Agus bha m' athair riamh ris an iasgach...uill thug m' athair thairis ann an dà fhichead 's a còig 's thàinig air sgar le dith na slàinte agus dh'fhalbh an t-eathar a bh' aige an uair sin.

Cha robh sibhse oirre sin ann – bha sibh ro òg?

Bha mi ro òg. Bha mi a-muigh innte na mo bhalach sgoile. Tha cuimhn' am nuair a bha mi na mo bhalach sgoile a bhith a' dol a-mach innte 's dòcha madainn Disathairne còmhla riutha fhios agad.

Cà biodh sibh a' dol oirre?

Ach, cha robh sin ach dìreach mu na lochan ann a sheo fhèin 's lochan nam Bàgh suas eadar seo agus Caol Na Hearadh agus lochan Leòdhais. Bhiodh iad as t-samhradh, nuair a bhiodh m' athair ris, bhiodh iad sin a' falbh uaireannan Diluain cuideachd 's ag obair a-mach à Steòrnabhagh fad na seachdain. Ag obair a-mach far an Tiompain agus a-mach à Tolastadh agus na h-àiteachan sin.

An e sgadan a bh' ann?

Sgadan, 's e. Tha cuimhn' agamsa nuair a bha mi na mo bhalach san sgoil 's bhiomaid a' dol suas chun a' chnoc ann a sheo os cionn an taighe agus chitheadh tu a-mach ann a sheo an uair sin gu Rùisinnis a-sin agus a-mach gu na h-eileanan agus bhiomaid a' coimhead airson nan eathraichean a' tighinn dhachaigh feasgar Disathairne. A dh'fhaicinn cò an tè a bhiodh a' tighinn an toiseach. Bhiomaid ann a shin gam faicinn agus a' feitheamh gus an tigeadh iad a-staigh an Caol.

Dè an aois a bha sibh matha nuair a thòisich sibh ceart air an iasgach?

Nuair a chaidh mi còmhla ri Iain? Bha mi seachd bliadhna fichead.

Matha, tha eòlas agaibh air a h-uile càil a bhuineas dhan iasgach?

O uill, an seòrsa iasgach ud, tha.

An robh an t-iasgach ann an Sgalpaigh eadar-dhealaichte ris an iasgach can air tìr mòr Na Hearadh?

Bha aon uair 's gun do thòisich an dòigh ud. Cha robh an còrr ris an obair ud eadar seo agus Èirisgeidh.

Nach robh?

Cha robh. Cha robh duine air tìr mòr Na Hearadh ris an obair ud agus cha robh duine ann an Leòdhas ris an obair ud. Bha aonan dreiseag ann an Leamrabhagh agus bh' i na companach againn dreiseag – tè air an robh an Isabella. Sin an aon tè Leòdhasach a rinn riamh càil dhan an seòrsa iasgach ud... 's ann ris an drìoft a bha na Leòdhasaich riamh. 'S cha robh duine eadar seo agus Èirisgeidh ag obair air an Ringnet. Bha feadhainn ann an Caol Àcainn agus sa Chaol timcheall ann a shin... agus an uairsin bha feadhainn à Malaig. Bha sinne na b'èolaiche air daoine à Amhach na bha sinn air gu leòr a dhaoine timcheall ann a sheo.

Tha mi cinnteach.

Na h-Abhaich mar a chanamaid riutha – bhiodh iad sin ag obair còmhla rinn...bhiodh iad uaireannan ann an com-pàirt rinn nam biodh, nan tachradh an-dràsta, can gun robh eathar Abhach air lìon a chur agus gun robh barrachd sgadain san lìon na bheireadh iad leotha, dà lìon, 's dòcha gun èigheadh iad ris an tè againne airson na bha aca air fhàgail a thoirt leinn. 'S bhiodh an uair sin tè acasan agus tè againne a' dol gu margaid agus bhiodh an uair sin an tè acasan agus tè againne a' laighe air acarsaid 's dheidheadh iad sin an uair sin a-mach còmhla ri chèile an oidhche sin. 'S bhiodh tè dha na h-eathraichean againne ag iasgach còmhla ri tè dha na h-eathraichean Abhach. Bhiodh iad ag obair mar sin còmhla ri chèile.

Càite am biodh sibh a' reic an èisg?

A' mhòr-chuid...nuair a thòisich sinn an toiseach no nuair a thòisich mise an toiseach 's e Geàrrloch an t-àite bu trice dhan an robh sinn a' dol agus uill bhiomaid faisg air làimh 's dòcha no mura biodh margaid mhath ann bhiomaid a' dol a Steòrnabhagh. Bha sinn a' dol a Steòrnabhagh airson mion èisg fhios agad. Bhiomaid a' dol ann a shin ach 's e Ulapul agus Geàrrloch agus Malaig na trì puirt a bh' ann san latha sin. Nise thòisich fear ann an Ùige an Eilein Sgitheanaich a' ceannach an sgadain cuideachd. 'S bha sinn bliadhna na dha...bhiomaid ga chur air tìr ann an Ùige.

Dè cho tric 's a bhiodh sibh a' dol ann leis?

O dh'fheumadh tu falbh a h-uile h-oidhche. Bha an sgadan a' dol air tìr mar a gheibheadh tu e, fhios agad. Bha thu a' falbh sa spot a gheibheadh tu e.

Dh'fheumadh e a bhith ùr.

O dh'fheumadh, dh'fheumadh. Bha thu a' falbh a h-uile h-oidhche a bha thu a' faighinn sgadan.

'S an robh e dìreach a rèir dè am port a b'fhaisge no an robh sibh a' coimhead air prìsean?

O bha. Dh'fheumadh tu a bhith a' coimhead air a' phrìs cuideachd.

An robh cuid a dh'àiteachan ann a bha na b'fheàrr?

Bha uaireannan. Nam biodh tu a' smaoinichadh gum faigheadh tu prìs na b'fheàrr ann am Malaig na dheidheadh tu ann an Ulapul no Geàrrloch dheidheadh tu a Mhalaig. Chunnaic mise...tha cuimhn' 'am oidhche a' falbh agus bha sinn aig an Stòr, tuath air Loch an Inbhir agus dh'fhalbh sinn às a sin a Mhalaig le sgadan. Chaidh sinn seachad air Ulapul agus chaidh sinn seachad air Geàrrloch oir bha sinn a' smaoinichadh gum faigheamaid prìs na b'fheàrr ann am Malaig.

Feumaidh gum b'fhiach dhuibh matha a dhol an?.

O bha sinn dhan a' bheachd gum b'fhiach. Cha bhiodh tu cinnteach às a sin gus am fruigeadh tu. Uaireannan dh'obraicheadh e dhut agus uaireannan chan obraicheadh.

Agus ciamar a bha sibh a' roinn an airgid.

Anns an latha ud, ma 's math mo chuimhne 's e naoi earrannan a bha iad a' dèanamh dhan airgead. Bha a' chosgais a' tighinn às an toiseach – cosgais na h-ola agus nan rudan sin – agus an uair sin..

Agus an robh am biadh a' tighinn às cuideachd aig toiseach gnothaich?

Bha, bha. Agus bha naoi earrannan ga dhèanamh dheth an uair sin. Bha earrann an duine aig an t-sianar agus na trì earrannan eile aig an eathar airson an lìon agus an t-eathar a chumail suas agus a h-uile càil dhan a sin.

Agus dè cho tric 's a bha sibh ga roinn an uair sin?

Siud agad e...trì troipean.

Trì troipean sa bhliadhna? Ach an do dh'atharraich sin a-rithist?

O dh'atharraich. Nuair a thòisich na h-eathraichean ùra a' tighinn fhios agad.

'S e ùine mhòr a bha sin a bhith a' feitheamh ri airgead.

'S e. 'S e ùine mhòr a bh' ann.

Agus a-nis bidh iad ga roinn ...dè cho tric?

O a h-uile seachdain, a h-uile seachdain.

'S tha iad air a bhith ris a sin airson dreis?

O tha, bho chionn ùine mhòr. Nuair a chaidh sin chun a...nuair a thòisich sinn air iasgach nam mùsgain-chaola – am *prawn* – thòisich sinn an uairsin ga roinn a h-uile seachdain.

Cuin a thòisich sibh air na muir-sgein chaola?

Thòisich nuair a fhuair sinn a' chiad *Rìbhinn Donn*. Cha bhiodh an sgadan cho pailt as t-samhradh 's bhiomaid an uair sin a' dol chun a' phrawn fad an t-samhraidh agus a' dol chun an sgadain fad a' gheamhraidh a-rithist. Ach chaidh an uair sin casg a chur air iasgach an sgadain. Chan eil fhios 'am cò a' bhliadhna a bha sin a-nis. 'S ann mu thrì fichead 's a deich (1970) mun àm sin. An uair sin thàinig oirnn a dhol chun a' phrawn, cha robh an còrr ann air ar son. Cha b'ann air ar dòigh a bha sinn. Cha robh na daoine againne cha chanainn riamh toilichte ag iasgach a' phrawn. Bha an sgadan mar gum biodh anns an fhuil.

Bha. Dè thug orra casg a chur air iasgach an sgadain? An robh iad ga iasgach cus no dè bh' ann?

Sin a bha iad a' cumail a-mach. Airson na stocan a ghleidheadh. Chan eil fhios 'am.

Bheil sibh a' smaoineachadh gu bheil an t-iasg air fàs gann?

O tha. Tha an t-iasg air fàs gann, cha mhòr gu bheil e ri fhaighinn idir.

Dè is coireach saoil?

O dìreach gun deach a mharbhadh.

Chaidh cur às dha le cus iasgaich?

O aidh. 'S e.

Agus an e an Ringnet as coireach saoil?

Chan e. O chan e. 'S ann nuair a thòisich...tha mise làn chreidsinn nam biodh cùisean air leantainn mar a bha iad nuair a bha sinne aig an *Ringnet* gum biodh sgadan ri fhaighinn fhathast. O thòisich bàtaichean mòra a tighinn far an taobh Sear. Thòisich an uair sin rud ris an canadh iad am *Purse* – Am *Pursenet*. Bha am fear sin, 's e an aon seòrsa dòigh a bh' ann ris an *Ringnet* cha mhòr ach bha e na bu mhotha. Bha sin uidhir ri pàirc ball-coise.

An robh gu dearbh?

Bha iad, an uair sin a' glacadh ceudan crann dhan an sgadan an uair sin. 'S e sin a chuir às dhan an sgadan.

Tha sin duilich matha.

O tha e duilich.

Agus san Ringnet, dè a ghlacadh sibh can? Co mheud crann ann an latha àbhaisteach can?

Uill, tha sin dìreach a rèir 's mar a gheibheadh tu. Gheibheadh tu 's dòcha dhà no thrì cheudan ann an aona chur mar gum biodh.

Dè bheireadh sibh leibh anns an eathar?

Bheireadh an tè mu dheireadh a bh' againn leatha còrr air dà cheud crann. A' chiad *Ribhinn Donn* 's e timcheall air ceud gu leth crann. Ach an dàrna tè bheireadh i leatha dà cheud no suas ri dà cheud 's dà fhichead no mar sin.

Matha, cha b'ann faisg air làimh ann an Sgalpaigh a bha sibh ag iasgach mar bu trice idir ach a' dol a-mach pìos 's a' fuireach air falbh fad na seachdain.

Bha sinn air falbh fad na seachdain. Nuair a bha sinn aig a' phrawn mar bu trice bha sinn air falbh fad na seachdain cuideachd.

Agus bha sibh a' cadal air bòrd?

O bha.

Agus a' toirt leibh a' bhidhe cuideachd?

O bha. O cha robh càil a dhìth bidhe... bha beartas bidhe againn an còmhnaidh.

An robh còcaire agaibh?

Uaireannan. Nuair a chaidh mise a-mach an toiseach bha còcaire againn. Uill 's e bhiodh a' dèanamh a' chòcaireachd air fad. Ach mu dheireadh cha robh duine keen air a' chòcaireachd idir agus bhiomaid a' gabhail oidhche mu seach no seachdain mu seach a' còcaireachd.

Seadh. Matha dh'fhàs sibh glè mhath air biadh a dhèanamh!

O Thia bha. Bha na fireannaich an uair ud...dh'ionnsaich na fireannaich mar siud anns na bàtaichean. Cha robh duine de dh'fhireannach nach dèanadh biadh.

Dè seòrsa biadh a bha sibh ag ithe air bòrd?

Ach dìreach an aon rud 's a bhiodh agad a-staigh.

Feòil 's buntàta 's iasg?

Seadh. Ròst is iasg agus rud sam bith a bhiodh agad a-staigh bhiodh e agad ann a shin.

Bhiodh sibh ga cheannach a h-uile seachdain?

O bhiodh. Bhiodh e agaibh a' falbh Diluain.

Agus dh'fhalbhadh sibh madainn Diluain?

Uaireannan. Aig a' phrawn bha sinn a' falbh tràth, tràth madainn Diluain, cha mhòr as dèidh na Sàbaid. Bhiomaid a' falbh mar bu trice gu Dihaoine an uair sin. Ach aig an sgadan bhiodh sin a rèir cà biodh an sgadan agus dè an t-àm dhan bhliadhna a bhiodh ann. Nuair a bha an sgadan air an taobh seo fhèin cha bhiomaid a falbh gu feasgar Diluain ach nuair a bh' e air an taobh thall, air taobh eile a' Chuain Sgìth dh'fheumamaid falbh tràth airson a bhith thall ann am beul na h-oidhche.

An robh an sgadan a' gluasad mar sin aig amannan eadar-dhealaichte dhan bhliadhna?

O bha. Bha an sgadan a' gluasad.

An robh pàtran ann a bha gu math cinnteach?

Cha b'urrainn dhut a bhith cinnteach às, cha b'urrainn. Bhiodh e as t-foghar suas toiseach a' gheamhraidh chitheadh tu an sgadan deas oirnn, shuas taobh Loch nam Madadh, suas an taobh sin, far cladach Uibhist agus gheibheadh tu an sgadan sin gus an tigeadh e nuas gu lochan nam Bàgh. Gheibheadh tu am pàtran sin aige gun teagamh.

Agus ciamar a bhiodh sibh a' cur seachad latha àbhaisteach ma-tha aig an iasgach? Cuin a bhiodh sibh ag èirigh agus dè a bhiodh sibh a' dèanamh?

Uill, cha robh mòran latha agad aig an sgadan. Bha thu ag obair an ìre mhath a rèir 's dè a gheibheadh tu. Nam faigheadh tu an sgadan tràth, nam faigheadh tu na dh'fhalbhadh tu leis tràth, bha thu an uair sin a' dèanamh air a' mhargaid. Anns a' mhadainn bha thu ga chur air tìr agus bha thu dreis dhan latha ga chur air tìr. Nuair a bha a h-uile càil dhan a sin seachad, nuair a gheibheadh tu an t-eathar a nighe sìos bha thu a' falbh air ais agus cha robh mòran ach gheibheadh tu 's dòcha dithis ga toirt air falbh agus an ceathrar eile san leabaidh nuair a bha thu ga toirt chun na margaid agus bha dithis ga toirt ann agus ceathrar eile sam leabaidh.

Dh'fheumadh cuideigin a bhith air watch?

O dh'fheumadh. Bha an còmhnaidh dithis againn.

Agus 's ann air feadh na h-oidhche a bu trice a bha sibh ag iasgach?

'S ann air feadh na h-oidhche a bha iasgach an sgadain an ìre mhath air fad.

Agus a' cadal tron latha?

Uill, gheibheadh tu cadal air an rathad chun na margaid. 'S dòcha an dithis a bh' air *watch* nach robh thu a' faighinn dhan leabaidh idir gus an cuireadh tu e air tìr agus gheibheadh tu an uair sin, gheibheadh an dithis sin dhan leabaidh air an rathad a' tilleadh.

Agus bha sia leapannan air bòrd?

Bha sia, no seachd a leapannan.

Dè na cur-seachadan a bh' agaibh air bòrd?

Cha robh mòran tìde cur-seachad ann mar a bha a' chùis a' dol. Nam biomaid latha air acaire le droch thìde no rud dhan t-seòrsa sin bhiodh tu a' cluiche chairtean no rud dhan t-seòrsa sin.

Am biodh sibh a' gabhail òrain?

O cha bhiodh.

No sgeulachdan?

O uill, bhiodh sgeulachdan a' dol tha mi creidsinn co-dhiù.

A' bruidhinn a-null 's a-nall. Ach bha Bìoblaichean sa chuid a bu mhotha nach robh?

O bha. Anns a h-uile h-aonan, bha. Bha agus a' gabhail an Leabhair a h-uile h-oidhche nan gabhadh e dèanamh. Bha.

Agus a' seinn?

Cha bhiodh. Cha bhiomaide a' seinn idir. Chunna mi sinn a' seinn nam biodh a dhà no trì againn còmhla ri chèile dheidheadh na criuthaichean a dh'aon eathar airson Leabhar a ghabhail 's bhiodh iad a' seinn. Ach mun do thòisich mise air, chuala mi Iain a' bruidhinn air a sin, bha cuimhn' aige air, as t-samhradh nuair a bha m' athair ris an iasgach matha agus iad a' cur mar a chanadh iad banca nam bàgh a-mach far cladach nam Bàgh ann a shin, bhiodh iad a' cur ann a shin agus bhiodh na h-eathraichean bìdeag bho chèile agus chluinneadh iad an t-seinn as an dàrna h-eathar, chluinneadh iad e anns an eathar eile. Bhiodh iad a' seinn anns an latha sin.

Bhiodh sin breàgha.

Bha e brèagha, bha.

Nach robh geasachdan ann cuideachd...iad a' smaoinichadh gun robh superstition an lùib cuid de rudan?

O bha.

Am biodh sibh a' cluinntinn mu dheidhinn?

Bha sinn a' cluinntinn mu dheidhinn ach cha robh mòran dheth san latha againn idir. Ach chuala mi Iain a' bruidhinn air, bha sin mus do thòisich mise, tha mi smaoinichadh gur ann san Loch Shealg. Bha iad air acaire agus bha dà bhàta far Cluaidh ann. Cha robh iad a' dèanamh iasgach math idir. 'S ann sa *Mhaighdeann Hearach* a bh' e an uair sin agus dh'èirich iad a' mhadainn a bha seo agus bha an criutha a bha seo as a' bhàta-sa agus dh'fhalbh iad agus bha lasair theine aca nan làimh, mar gum biodh mapaid le ola air, agus i na teine agus dh'fhalbh iad leis a sin agus thòisich iad na deireadh no na toiseach, chan eil càil a dh'fhios 'am agus bha rudeigin aca a' bualadh beul an eathair. Ma 's ann na toiseach a thòisich iad dh'fhalbh iad leis sìos an dara taobh timcheall a deiridh, suas an taobh eile gus an do ràinig iad far an do thòisich iad mar gum biodh iad a' cur air falbh na bana-bhuidsich. Bha sin far Cluaidh...'s ann a bha an t-eathar sin a-nis. Chuala mi Iain ag innse sin. Chan fhaca mise leithid sin riamh ach chuala mi Iain ga innse.

Bha dathan ann cuideachd nach robh iad airson fhaicinn nach robh?

Bha uaine. Bha gu leòr ann nach robh airson uaine idir. Gheibh thu beagan dhan a sin ann a sheo fhathast ach 's ann uaine a bha am *Britannia* a bh' aig m'athair. Riamh, 's ann uaine a bh' i. Nuair a pheant sinn an *Rìbhinn Donn* mu dheireadh – 's e *varnish* a bh' oirre a' tighinn dhachaigh agus bliadhnaichean as dèidh tighinn dhachaigh – ach bliadhna no dhà mu dheireadh a bha i againn bha leithid de dh'obair anns a' *varnish* agus pheant sinn i, agus 's e uaine a chuir sinn oirre air sàilleabh tha mi creidsinn gur e uaine a bh' aig m'athair. Agus an tè a fhuair Murchadh ris an robh thu a' bruidhinn an latha roimhe – 's e mac bràthair m' athar a bh' ann am Murchadh fhios agad agus bha athair Mhurchaidh còmhla ri m' athair-sa anns a' *Bhritannia* agus 's e sin a bu choireach gun tug Murchadh am *Britannia* air an eathar a fhuair e fhèin. Agus nuair a pheant Murchadh am *Britannia*, 's e uaine a chuir e cuideachd oirre, air sàilleabh tha mi creidsinn gur e uaine a bh' air a' *Bhritannia* a bh' aig m'athair.

An robh daoine a' gabhail ioghnadh gun do chuir sibh uaine oirre? An tuirt duine guth riamh?

Cha tuirt, cha tuirt. Ach bha gu leòr ann nach dèanadh e air shon sin, nach peantadh uaine idir iad.

Saoil carson a bha uaine...?

Chan eil càil a dh'fhios 'am dè bh' aca an aghaidh an uaine.

'S cha robh iad airson crotal na bu mhotha. Cha robh iad airson stocainnean a bh' air an dath leis a' chrotal.

Bha, gheibheadh tu sin cuideachd. Ach bha gu leòr ann a sheo an-dràsta, tha mi creidsinn gu bheil gu leòr ann fhathast nach peantadh doras uaine no nach cuireadh uaine mun taigh. Tha, no pàipear uaine. Tha gu leòr ann fhathast a' creidsinn ann a shin. Chan eil càil a dh'fhios agamsa a-nis dè a bh' aca an aghaidh an uaine ach bha e ann gun teagamh ann an cuid.

An robh rudan eile mar sin ann? An robh iad a' gabhail eagal ro rudan. Cailleachan air an rathad nach robh?

Bha. Bhiodh iad...chuala mi m'athair ag innse oidhche agus e a' dol a-mach agus thachair...chan eil cuimhn' am cò am boireannach a bh' ann 's dòcha nach biodh e glic dhomh a ràdh ged a bhiodh cuimhn' agam air, ach thachair a leithid seo a bhoireannach ris agus e air a rathad gu muir agus mhill e an t-slighe air. Chaidh maill a chur air co-dhiù agus cha robh iad an dòigh, an còrr dhan a' chriutha a bh' air bòrd. Ach ri linn seo, ge b' e dè a' mhaill a chaidh air, chan eil cuimhn' am an-diugh, bha iad caran fada gun fhalbh airson a dhol gu deas – a-mach far cladach nam Bàgh – 's ann as t-samhradh a bha seo agus chaidh iad chun an taobh tuath – a-mach far an t-solais am beul a' Chaol ann a shin – bha e na b'fhaisge orra agus chuir iad na lìn ann a shin agus nuair a tharraing iad na lìn anns a' mhadainn, bha dusan crann no rudeigin dhan t-seòrsa sin aca 's an fheadhainn a chaidh gu deas cha d'fhuair iad càil.. Agus bha iad ag obair air an t-seòrsa rud seo, ach cha robh sin ach mar a thachair ann am freastal ach bha esan toilichte gu leòr leis na fhuair e de sgadan co-diù as dèidh na chaidh a ràdh ris airson bruidhinn ris a' bhoireannach a bha sin!

An robh dìreach cailleachan sònraichte ann mar sin?

Bha. Bha feadhainn ann a bha iad a' feuchainn ri sheachnadh.

Saoil carson? Ciamar a gheibheadh iad ainm airson sin?

Chan eil càil a dh'fhios 'am ?

An robh an dàrna sealladh aca no rudeigin?

Uill, bha iad a' creidsinn gun robh rudeigin dhan t-seòrsa sin ann.

Nach robh faclan ann nach robh iad...?

O bha. 'Fiadh' agus 'coinneanach' agus cha robh iad airson bruidhinn air fiadh idir.

Air bòrd eathair?

Seadh, no air 'bradan' no 'coinneanach' cuideachd.

Saoil carson?

Chan eil càil a dh'fhios 'am. Ach 's ann ron an linn agamsa a bha sin. Ach bha fear còmhla riumsa... 's e mac bràthair m'athar a bh' ann fhèin agus 's e mac bràthair athar Mhurchaidh a bh' ann cuideachd. Bha e còmhla rinn sa chiad Rìbhinn Donn agus nam faiceadh e bogsa mhaidseachan – *Swan Vestas* – a' tighinn air bòrd chathadh e a-mach air a' mhuir e.

Seadh?

Cha robh iad air a shon idir.

An e an eala?

Dealbh na h-eala air an rud. Cha robh iad airson na h-eala idir. Chathadh e bogsa *Swan Vestas* a-mach air a' mhuir. 'S e aimeadas uabhasach a tha sin.

Tha e iongantach.

'S e amaideas uabhasach a th' ann agus bha gu leòr dhiubh cuideachd nach robh airson a bhith a' cluiche chairtean. Chuireadh iad am pac chairtean a-mach air a' mhuir, feadhainn aca. Chuireadh. Chunna mise fear a bha tòrr na b'òige na mi fhèin – a bha còmhla rinn na fhear-criutha, chunna mi e a' cath pac chairtean a-mach air a' mhuir. Cha robh e airson gum biomaid a' cluich chairtean idir.

An e mar gum biodh obair an t-Sàtain?

'S e rudeigin dhan t-seòrsa sin a bh' ann, 's e.

A bheil duine fhathast ann a bhiodh diombach bruidhinn air fiadh no càil mar sin?

Chan eil an-diugh, chan eil. Sin cleachdadh eile a bhiodh aca chan fhalbhadh iad... 's an latha ud cha robh cidhe no càil ann a sheo. 'S ann air deireadh nan eathraichean a bhiodh iad a' ceangal nan acraichean san latha ud, bha iad a' cumail a-mach gun robh iad a' laighe na b'fheàrr ris an acaire na deireadh agus nuair a dh'fhalbhadh iad agus a leigeadh iad às an t-acaire, dh'fheumadh iad falbh leis a' ghrèin. Cha deidheadh iad an aghaidh na grèine idir.

Nach deidheadh?

Cha deidheadh. Dhèanadh iad a h-uile dìcheall airson nach biodh aca ri dhol an aghaidh na grèine. 'S dòcha uaireannan nam biodh e duilich air sgàth na gaoithe na rud sam bith dhan t-seòrsa sin, ach nan gabhadh e idir dèanamh dh'fheumadh iad falbh leis a' ghrèin. Agus bhiodh iad a' dèanamh strì mhòr airson sin cuideachd. Airson cumail ris a sin.

Tha e iongantach. An deach feadhainn anns an rathad leis an iasgach ann a sheo?

Cha deachaidh. Bha sàbhaladh mìorbhaileach air na bha ag obair ann a sheo.

Leis na bh' ann de dhaoine?

Bha mi an oidhche roimhe fhèin a' cunntais gun robh aon-deug no dusan eathraichean againn a' dol a-mach às a seo aig an Ringnet agus sianar as gach eathar agus mar a bha mi ag innse dhut nuair a bha an lìon ga chur agus an t-eathar eile a' togail ceann an lìn, bha an dà eathar an uair sin a' tighinn ri chèile gualain ri gualain agus bha ceathrar às an dàrna eathar a' leum dhan an eathar eile. Nise ma nì thu fhèin dealbh air an da eathar a' tighinn ri chèile ann an suala agus an dàrna tè a' dol an àird os cionn na tèile agus rud dhan t-seòrsa sin, bha iad a' leum.. 'S ann a' leum a bha sinn iad – a bha sinn ma tha - às an dàrna tè dhan tèile agus...

Cha robh sibh gan ceangal no càil?

Cha robh, ach bha iad a' tighinn gu chèile mar siud agus sa spot a bha iad a' bualadh na chèile bha thu a' leum agus bòtannan trì chairteal ort agus cha b' e briogais agus seacaid a bh' oirre an uair sin ach mar achanadh iad froga-oillsgin sìos gu do ghlùinean. Bha thu a' togail sin an àird mu do mheadhan agus a' leum agus cha do thachair càil do dhuine riamh againn.

Bha sin iongantach.

Bha e iongantach. Cha do thachair càil do dhuine riamh.

An robh an t-iasgach ann an Sgalpaigh a' dol air adhart fa leth bho iasgach tìr-mòr Na Hearadh? An robh mòran buntanas eatorra?

Uill, cha robh mòran iasgaich air tìr-mòr Na Hearadh ann. Cha robh duine sa latha ud, na mo latha-sa, cha robh bàta dhan t-saoghal air tìr mòr Na Hearadh ach an fheadhainn ann an Caolas Stocanaid, agus 's ann ris na Drifts a bha iad sin. Cha robh an còrr anns Na Hearadh sna bliadhnaichean ud.

Saoil dè bha cho sònraichte mu Sgalpaigh? Saoil carson a bha an t-iasgach cho soirbheachail ann a sheo?

Chan eil càil a dh'fhios 'am. Uill, 's ann airson an iasgaich a thàinig daoine a dh'fhuireach a Sgalpaigh sa chiad àite, tha mi a' tuigsinn.

Feumaidh gun robh an t-àite gu nàdarrach math air a shon.

Bha an t-àite nàdarrach math air a shon. Bha acarsaid mhath ann – bha dà acarsaid mhath ann – an acarsaid a tuath agus an acarsaid a deas. 'S e an acarsaid a tuatha a bu mhotha a bha iad a' cleachdadh – an tè a tha mu ar coinneamh ann a sheo.

An e gun robh i fasgach?

Bha i fasgach, bha. Tha i an ìre mhath dùinte. Chan eil ach caolas am beul na h-acarsaid a' tighinn a-staigh. Ach 's e acarsaid mhath a th' ann. Agus a-nis tha an grunn d'iasgaich...tòrr dhan iasgach 's ann far cladach nam Bàgh a bhiodh e agus far cladach Leòdhais. Ach chan eil fhios 'am dè a bu choireach agus dè is coireach nach do rinn Leòdhasaich feum dhan an Ringnet cuideachd. Cha do rinn na na Leòdhasaich feum dhan an Ringnet idir. Cha robh ris an Ringnet ach muinntir Sgalpaigh ann a sheo timcheall agus mar a bha mi ag ràdh riut roimhe, cha robh duine ann gus am fruigeadh tu Èirisgeidh.

Ach bha iad a' dèanamh math às an iasgach ann an Sgalpaigh?

O anns na bliadhnaichean ud rinn iad math dha-rìreabh às an iasgach ann an Sgalpaigh. Agus ann an Èirisgeidh. Bha an dà àite coltach ri chèile.

Bha. Cuin a bha an t-iasgach ann an Sgalpaigh aig àirde mar gum biodh?

O uill, 's ann eadar trì fichead 's a deich agus a-steach dhan a – suas trì fichead agus deugnachadh – suas gu ceithir fichead.

Gun do chuir iad stad air an sgadan?

Eadhon an dèidh dhaibh stad a chur air an sgadan, eadhan nuair a thàinig oirnn a dhol chun a' phrawn bha sinn fhathast a' dèanamh iasgach math. Bha sinn cuideachd ag obair air rionnach...bhiodh rionnach air a' chladach agus bhiomaid ag iasgach rionnach leis an trawl. Agus bha sinn ag iasgach *sprats*. Seachdain iasgaich a b'fheàrr a bh' agamsa riamh – 's ann ann an *Rìbhinn Donn* mu dheireadh a bha sin. Bha sinn fhèin agus am *Majestic* aig Dàbhaidh – an t-seachdain a b'fheàrr cosnadh a bh' againn riamh 's ann aig *sprats*.

Bha airgead math air a sin?

'S ann a' dol airson min-èisg a bha iad – mar a chanas iad *fishmeal* – ann an Steòrnabhagh ach bha sinn a' faighinn a leithid dhiubh agus bha sinn a' dèanamh math orra.

An e bliadhna no dha a rinn sibh sin?

Aona bhliadhna a chanainn a rinn sinn siud. Bliadhna shònraichte a bha siud – bha iad pailt ann an Loch Èirisort suas eadar seo agus far a bheil Ceòs agus na h-àiteachan sin. Aig an àm sin bha an t-airgead a bha sinn a' faighinn bha e eadar an dà eathar. 'S e sin a' chiad roinn a bhathas a' dèanamh air. Bha iad ga roinn eadar an dà eathar fhios agad agus anns an latha sin...seachdain a b'fheàrr a bha aig eathar riamh ann an Steòrnabhagh, an t-seachdain sin. Sin airgead a bu mhotha a choisinn eathar riamh ann an Steòrnabhagh – sin an t-seachdain a bha againn fhèin agus a' *Mhajestic*.

Seadh?

An uair sin. Agus sheas sin bliadhnaichean mòra ach tha e cumanta gu leòr an-diugh. Còig no sia a mhiltean a bhith aca san t-seachdain ach anns an latha ud.

Bha sin sònraichte.

Bha e sònraichte. Bha e sònraichte. Tha mi smaoinichadh gun robh suas ri £12,000 againn eadar an dà eathar anns an t-seachdain.

Air na sprats?

Air na *sprats*. Sheas sin a-nis biadhnaichean mus deach duine os cionn sin ach tha e cumanta gu leòr an-diugh.

Ach tha an t-iasgach air atharrachadh an-diugh?

Tha an t-iasgach air atharrachadh gu mòr. Cha mhòr gu bheil e idir ann an-diugh. Chan fhada a bhios eathar air fhàgail a seo...tha a' sìor fhalbh. Tha na daoine a' falbh cuideachd fhios agad.

Dè is coireach saoil? Dè thug an t-atharrachadh seo air an iasgach?

Uill ann an dòigh thug an t-iasgach atharrachadh air fhèin. Cha robh an t-iasgach ann. Chan eil t-iasgach ann mar a chleachd e.

Chan eil an t-iasg fhèin cho pailt?

Chan eil e cho pailt.

'S chan eil na daoine ann?

Chan eil na daoine ann. Chan eil fhios 'am...ma smaoinicheas tusa air dusan eathar a' dol a-mach anns an latha ud agus sianar anns a -uile h-eathar – sin trì fichead duine 's a dhà dheug a' falbh às a seo a h-uile Diluain an ceann an cosnaidh – 's e tòrr a bha sin. Agus a bharrachd air a sin bha feadhainn ann a sheo ag obair ann an eathraichean eile. Bha dithis no trìuir ann a sheo ag obair ann an eathraichean an Caol Àcainn agus sa Chaol.

Saoil ciamar a bhios an t-iasgach bho seo a-mach?

Chan eil mise a' faicinn gum bi an t-iasgach ach truagh ann a sheo ma bhios e idir ann. Tha e air sìor dhol sìos.

Co mheud eathar a tha ag obair a-mach à Sgalpaigh an-diugh?

'S an latha 's an robh mise ag obair cha robh ann ach an t-seòrsa sin – cha obh eathraichean beaga idir ann – ach an-diugh chan eil ann ach eathraichean beaga. A' dol a-mach le aon duine agus dithis a' dol a-mach. Chan eil eathar a' dol a-mach à Sgalpaigh an-diugh ach le barrachd air dithis.

An e an Ringnet a th' aca fhathast?

Och chan e. Chan e a th' aca an-diugh ach clèibh. Feadhainn ri...aonan no dhà air fhàgail a' trawladh airson a' phrawn agus bidh iad uaireannan ag obair air a' chreachan ach a bharrachd air a sin chan eil ann ach clèibh. Daoine ag obair nan ònrachd agus ag obair le clèibh. Feadhainn dha na h-eathraichean le dithis annta agus sin agad e.

Tha fhios gun robh buaidh aig a sin air a' choimhearsnachd cuideachd, nuair a dh'atharrachaich an t-iasgach?

Bha, tha mi creidsinn. 'S e coimhearsnachd thoilichte a bha seo anns an latha ud. Bha tòrr, ciamar a chuireas mi e, chan e fearmad a chanas tu ris idir ach bha tòrr strì eadar an dara duine a' feuchainn ri dèanamh na b' fheàrr na an duin' eile.

Farpais?

Seadh farpais – bha tòrr dhan a sin ann gu nàdarra. Ach aig an aon àm, mar a bha mi a' ràdh riut roimhe, nam biomaide dol a dh'fhaighinn barrachd sgadain san lìon 's a b'urrainn dhuinn a thoirt leinn, uill, bha thu ag èigheach air do nàbaidh an uair sin – air tè dha na h-eathraichean eile airson tighinn. Ged a bha a' chòmhstri a bha sin ann, aig an aon àm bha sinn ag obair còmhla ri chèile. 'S e còmhstri ann an dòigh thoilichte a bh' ann.

'S e, 's e. Agus tha fhios gum biodh na h-iasgairean a' coimhead as dèidh dhaoine eile aig nach biodh mòran cuideachd? Ma bha sibh a' glacadh tòrr èisg am biodh sibh ga thoirt seachad cuideachd?

Uill, nan tachradh duine a bhith ann, bha. Chunnaic mi iad a' toirt seachad sgadan do dh'eathraichean a bha ri drìoftadh cuideachd – feadhainn a bh' air na drift nets – cuideachd nam biodh càil air fhàgail againn anns an lìon. Chuireamaid air bòrd nan drìoftairean e.

Dè nise mu na boireannaich agus a' chlann a bh' air tìr – an robh càil ann a dhèanamh àsan airson cuideachadh leis an iasgach?

Cha robh na mo latha-sa idir. Cha robh, cha robh càil.

Cha bhiodh àsan a' càradh nan lìon no càil mar sin?

Cha robh, cha robh.

'S e obair dha na fireannaich a bha sin.

Uill, na mo latha-sa an càradh a bh' air lìn, cha b'urrainn dhut a thoirt dhachaigh leat co-dhiù. 'S e Ringnet a bh' ann agus bha thu ga chàradh air bòrd. No dha thoirt gu cidhe agus ga chàradh air cidhe. Bha e mòr.

Bha e fada robh mhòr [airson a thoirt dhachaigh].

Ach eadhan nuair a bha iad aig na driffts ri lìn m'athar nuair a bhiodh iad a' toirt dhachaigh na lìn agus gan càradh, fhios agad a-staigh, cha robh na boireannaich a' gabhail gnothaich ris a sin. Cha robh.

Bha sibh a' bruidhinn air a' chairt?

Cairt, 's e. [Bha sinn ga chur] air na lìn chotain airson 's gun seasadh iad agus gan cumail gun ghrotadh. Ghrotadh an cotan sna lìn mura biodh iad air an sealltainn as an dèidh.

Sheasadh iad na b'fhaide?

Sheasadh iad na b'fhaide.

Bha sibh a' bruidhinn air far am biodh sibh a' dèanamh sin.

Bha àite ann a sheo shìos, faisg air taigh m'athar ann a shiud agus 's e *Rubha a' Choire* a bh' ac' air. An Coire Cartach. 'S e tanca mòr a bhiodh aca airson a bhith ga leigheadh. Bha teine mòr ga chur fon an tanca agus a' chairt ga leaghadh.

Agus tha cuimhn' agaibhse air a sin?

O tha cuimhn' agamsa air a sin.

Agus 's e stuth a bha a' tighinn dhachaigh a bh' ann?

'S e, 's e. Tha cuimhn' 'am cuideachd nuair a thòisich sinn air a' *Ringnet* bhìomaid a' cairteadh nan *Ringnets* ann an Steòrnabhagh. Bha àite ann an Steòrnabhagh – bha tanca mòr ann agus ghabhadh an *Ringnet* cur ann agus bhìomaid ga chur air làraidh agus a' falbh leis agus ga chur dhan tanca a bha sin agus cha robh e san latha sin a' faighinn teansa tioramachadh idir...bha sinn a' dèanamh sin leis an *Ringnet* cuideachd mus do thòisich an nylon a' tighinn a-staigh. Nuair is e cotan a bha sna *Ringnets*. Agus chaidh iad gu *nylon* an uair sin an dèidh sin agus cha robh feum air.

Cuin a bha sin ann? Bheil beachd agaibh?

Nise...Bha timcheall air naoi-deug 's trì fichead no mun àm sin tha mi creidsinn. No as dèidh sin. 'S dòcha trì fichead sa còig no timcheall air a sin.

Dè mu dheidhinn a bhith a' cur fios dhachaigh – an robh wireless agaibh air bòrd?

O bha. Cha mhòr gun robh dachaigh ann an Sgalpaigh nach robh *wireless* ann, ag èisteachd ri na h-eathraichean a' bruidhinn ri chèile. Bha sin na chuir-seachad a h-uile h-oidhche ann a sheo. Cha mhòr gun robh dachaigh ann nach

robh...ged nach biodh duine aca fhèin air bòrd ann an eathar bha iad airson a bhith ag èisteachd ris na h-eathraichean a' bruidhinn ri chèile.

Dè a chiad inneal a bh' annta? An e VHF?

Chan e. Bha VHF dreiseag gun tighinn. Bha sinne air a' chiad *Rìbhinn Donn* fhaighinn mun tàinig VHF.

Dè bh' ann rona sin?

Cha robh ach rud ris an canamaid a' *Wireless Mhòr*. RT - *Radio Transmitted* - RT. Bha sin ann o...mus do thòisich mise. Sin am fear ris am biodh iad ag èisteachd a-staigh.

'S bhiodh e aca air air bòrd. Agus chluinneadh iad na h-eathraichean?

Chluinneadh iad na h-eathraichean a' bruidhinn ri chèile. Gheibheadh tu reidios an uair ud air an robh mar a chanadh iad an *Trawler Band* - 's e bh' aca air.

Agus am b'urrainn dhaibhsan bruidhinn ris an taigh leis a sin?

B'urrainn dhaibh bruidhinn ris an taigh ach cha b'urrainn dhan an taigh bruidhinn riuthasan. Cha robh an taigh ach ag èisteachd.

O seadh, seadh. Agus an uair sin thàinig a' VHF?

Nuair a thàinig a' VHF bha cuid de thaighean a fhuair VHF 's a bhiodh comasach bruidhinn ris na h-eathraichean, ach bha e an aghaidh an lagh.

O robh?

Cha robh e laghail idir a' VHF a bhith agad air a-staigh a' bruidhinn ris na h-eathraichean. Ach an uair sin bheil cuimhn' agad air a' CB - *Citizen's Band*? Bha sin againn dreiseag cuideachd agus bha sin an uair sin gheibheadh tu bruidhinn on taigh ris na h-eathraichean.

An robh sin laghail gu leòr?

Bha sin laghail gu leòr, bha. Agus nuair a bha sinn ri iasgach a' phrawn, nam biomaid faisg air làimh ann a sheo an àite a dhol a Steòrnabhagh, bhiomaid ga chur air tìr ann a sheo air an Tairbeart no anns a' Chaolas agus a' cur làraidh a-null a Steòrnabhagh leis. Bha dithis ann – An Sgitheanach Mòr ann an Urgha agus Lachaidh Mòr ann an Urgha – tha Lachaidh Mòr beò fhathast - 's e Lachaidh Mòr a bhiodh a' falbh leis na prawns agus an Sgitheanach Mòr bhiodh e a' falbh le na clams nam biodh feadhainn ann. Agus bhiodh na CBs aca sna làraidhs. 'S nuair a bha sinn air an rathad a-staigh bhiomaid ag èigheach riutha agus ag innse dhaibh gum biomaid anns a' Chaolas no air an Tairbeart aig leithid seo a dh'àm agus bhiodh iad ann a shiud na ur coinneamh. 'S e King Prawn a bh' air an dàrna fear agus King Clam air an fhear eile!

Ha ha!

Sin a bh' aca. Bhiomaid a' bruidhinn riutha mar sin agus bhiodh iad gur feitheamh nuair a thigeamaid a-staigh agus dh'fhalbhadh iad leis na bh' againn a Steòrnabhagh.

Dè th' aca a-nis? An tàinig càil as dèidh sin airson a bhith a' conaltradh?

Cha tàinig ach a' fòn – tha a' fòn an-diugh...tha fòn-làimhe aig a h-uile duine an-diugh agus tha iad a' bruidhinn ri chèile le fòn-làimhe an-diugh.

An deach an CB à bith?

Chaidh a' CB, ach tha am VHF a' dol fhathast. Feumaidh a' VHF a bhith aca fhios agad airson sàbhailteachd. Feumaidh. Ach cha chreid mi gu bheil uidhir an-diugh ann dhan a' Wireless Mhòr mar a chanamaid. RT. Chan eil fhios 'am am feum e a bhith air bòrd an-diugh, chan eil mi uabhasach cinnteach. Ach feumaidh VHF a bhith air bòrd.

Dè na h-innealan a bh' agaibhse air bòrd? Cuin a thòisich na radars 's na rudan sin?

A' chiad rud a bh' againn 's e an *Echo Sounder* airson a bhith a' coimhead airson an sgadain. Bha sin ann a-nise nuair a thoisich mise an toiseach bha iad air tòiseachadh leis an *Echo Sounder* agus thòisich sin tha mi creidsinn timcheall air naoi ceud deug 's leth cheud no mar sin.

An e seòrsa de sgrìon tha sin?

'S e, 's e agus bha e a' sealltainn grunn na mara agus chitheadh tu an sgadan eadar thu agus an grunn.

Agus an sealladh e sgeirean agus rudan dhan t-seòrsa sin?

O cha shealladh, cha shealladh e sgeirean gus am biodh tu os an cionn. Cha robh e ach a' dol sìos dìreach. Cha shealladh e càil a bha romhad no timcheall ort.

O seadh.

Cha robh feum sam bith ann airson sgeirean no rud dhan t-seòrsa sin.

Ciamar a bha fios agaibh matha air sgeirean 's rud?

O cha robh ach dìreach an t-eòlas a bh' agad fhèin. Bha an uair sin...a' chiad radar a bh' againne 's ann air a' chiad *Rìbhinn Donn*. Cha robh e oirre nuair a thog sinn i idir ach fhuair sinn e bliadhna no dhà an dèidh a togail.. Cuin a chaidh a togail – ann an trì fichead 's a sia – 's dòcha trì fichead 's a h-ochd no mar sin. Bha ràdar againn air a' chiad *Rìbhinn Donn*.

'S dè tha an radar a' sealltainn?

Tha an ràdar a' sealltainn timcheall ort. Tha e a' sealltainn an fhearainn dhut. Cha sheall e sgeirean idir dhut ach seallaidh e am fearann a tha timcheall ort. Bha an radar feumail anns an dorchadas...bha an radar feumail.

A bheil càil ann an-diugh a sheallas sgeirean?

O tha. An uair sin fhuair sinn ...chan eil fhios 'am dè a' bhliadhna a bha sin...an sònar. Fhios agad, mar a bh' air na *submarines* aig àm a' chogaidh. Nuair a bhiodh tu a' coimhead fiolm aig àm a' chogaidh agus a chluinneadh tu am *ping ping* a bha seo aig sonar, fhuair sinn fear dhiubh sin. Bha sin a' cur a-mach, bha thu a' faighinn dealbh timcheall ort.

An e fuaim a bha sin a' cleachdadh?

O, bh' e a' sealltainn dealbh dhut cuideachd. Chitheadh tu dealbh a' ghrund. Nam biodh cruadhas no sgeir no càil dhan t-seòrsa sin ann chitheadh tu e. Agus chitheadh tu, uill 's ann airson iasg a lorg a bhathas ga chleachdadh fhios agad. Nam biodh iasg timcheall ort. Shealladh e dhut e. Leis an *echo sounder* cha robh e a' sealltainn dhut ach an rud a bha dìreach fomhad ach...ach shealladh seo dhut an t-iasg a bha timcheall ort fhios agad. Seall an-dràsta nam biodh dà eathar againn a' tobhadh... mar a bha sinn leis an trawl, nam faiceadh tu cnap èisg romhad, cnap sgadain romhad, uill stiùireadh tu airson 's gun deidheadh e eadar an dà eathar agus gun deidheadh e dhan an lion agad.

Dè na h-eathraichean matha, na h-ainmeannan a bh' air na h-eathraichean a bh' ann a sheo? A bheil cuimhn' agaibh?

O uill bha...

An t-uamhas!

Bha am *Britannia* aig m'athair. Bha an *Try Again* ann, an *Daffodil*, bha a' *Village Maid*, bha an *Jasper*, an *Agate*, an *Golden Rule*, *Racer*, *Virgin*, *Industry*, *Golden Eagle*, *Choice*.... cò an fheadhainn eile a bh' ann a-nise? Bha an *Thistle* ann – 's e fìor chuimhne a th' agam air a' *Thistle*. Bha *Celerity*...chan eil cuimhn' 'am an-dràsta air mòran.

Robh aineamannan Gàidhlig air mòran?

Cha robh mòran ainmeannan Gàidhlig ann idir. Faodaidh mi a' ràdh gur e an *Ribhinn Donn* an aon tè san latha sin air an robh ainm Gàidhlig. Bha tè aig Murchadh, nuair a reic e am *Britannia* 's a fhuair e tè na bu lugha 's e *Faire* a bh' aige oirre.

Bha tè ann air an robh a' Mhaighdeann Hearach nach robh?

O bha, a' *Mhaighdeann Hearach*. Sin a' chiad tè air an robh ainm Gàidhlig faodaidh mi a ràdh.

Dè an t-eathar a bu mhotha a bha riamh ann an Sgalpaigh?

Siud agad an tè a b'fhaide a bh' ann – an *Rìbhinn Donn*. Bha i fhèin 's a *Vigilant* bha trì fichead tròigh 's a trì annta. Bha dìreach òirleach no dhà a bharrachd san *Rìbhinn Donn* de dh'fhaid. Sin agad an tè a bu mhotha a bh' ann dha na h-eathraichean.

Bha i brèagha.

Bha. 'S e eathar brèagha a bh' innte. 'S e eathraichean brèagha a bh' annt air fad.

Agus cà deach i nuair a reic sibh i?

Chaidh i a dh'Èirinn. A dh'Èirinn. 'S tha i ann fhathast. Tha i ag iasgach fhathast. Tha i ag iasgach fhathast a-mach à Port Avogie.

Bha caractaran ann a sheo a bhiodh ag iasgach tha fhios? Tha mi air ainmeannan a chluinntinn. Cha robh Alasdair Coineagan ag iasgach ann an robh? 'S ann ri cargo 's rud a bha esan nach ann?

'S ann, 's ann. Ach 's ann aca a bha an *Golden Eagle*, aig na Coineaganaich. Bha iad air Driftnets anns a' *Gholden Eagle*. 'S ann aig Rodaidh Alasdair a bha i matha. Mac Alasdair Choineagan. Agus bha an *Seagull* aca. An t-òran a bhios d' athair a' seinn mun a' bhàta beag?

O seadh. Am bàta beag cho bòidheach beag.

'S ann aca a bha i sin. An *Seagull*.

An Seagull?

An Seagull.

Saoil cuin a bha sin ann – saoil cuin a chaidh an t-òran a dhèanamh?

O uill, tha cuimhn' 'am oirre. Tha cuimhn' 'am air an eathar fhèin. Cha robh iad a' dèanamh càil leatha nuair a bha cuimhn' agamsa oirre. 'S ann ro mo linn-sa a chaidh an t-òran a dhèanamh co-dhiù.

Rinn e òrain eile cuideachd nach do rinn? An e Alasdair Coineagan a bha a' dèanamh...

Uill, 's e Alasdair Coineagan a fhuair an' ghlòir airson an òrain ud ach bha feadhainn a cumail a-mach gur e fear a bha còmhla ris a rinn an t-òran. Ach tha mise dhan a' bheachd gur e Alasdair Coineagan a rinn an t-òran.

Seadh.

Tha e a' bruidhinn san òran air a' 'bhalachan' a bha còmhla ris.

Tha. Cò fear a bha sin matha?

Bha fear ris an canadh iad Ruairidh Nèill. Seanair...faithnichidh tu Ruairidh Mòr – Tàpaidh? Seanair a' bhalaich sin. Sin fear a bha còmhla ris.

Bha iad ag ràdh cuideachd gur e a rinn am port tha siud, "Tha bean agam, tha taigh agam." Bheil siud ceart?

Cha chuala mise sin riamh.

Nach cuala? Fhios agad, "tha punnd de shiabann geal agam".

Seadh.

Chaidh siud tro mo chluasan co-dhiù. Chan eil fhios 'am a bheil sin ceart.

Cha chuala mi sin riamh a-nise.

Tha e neònach mura cuala matha. Chan eil fhios 'am a bheil e ceart.

Bidh fhios aig Mòrag. Chan eil fhios 'am . Tha e duilich leam sin a shlugadh. Ach tha e comasach gur e.

Feumaidh mi foighneachd do Mhòrag. 'S dòcha gun do thog mise siud ceàrr, chan eil fhios 'am. Ach cò an fheadhainn eil a bha seo matha? Dòmhnall Ruairidh – bha esan ris a' chutadh nach robh?

Bha. Bha esan a' smocadh, a' dèanamh *kippers*.

Agus cà robh e a' dèanamh sin?

Bha aig a' chidhe a tha muigh. Aig an t-sead mhòr a th' aig a' fish farm an-diugh. Tha cuimhn' 'am air an t-sead san robh e a' dèanamh nan *kippers*. Bha dhà no thrì dha na seadaichean sin ann an uair sin. Bha dhà chidhe ann a shiud an uair sin, far a bheil an cidhe a-muigh an-diugh. 'S ann ann a bhiodh an Loch Mòr a' tadhal mus do thòisich na *ferries* 's an Loch Mòr a bhiodh a' tadhal. Agus bha cidhe eile ann, bìdeag an taobh a-staigh dheth ann an oisean ann a shin agus 's e cidhe an Stiùbhartaich a bh' aca air. Feumaidh gur e Stiùbhartaich a bha a' cutadh fhios agad ann a shin, anns an fhear sin. Tha cuimhn' am air an fhear sin, air cidhe an Stiùbhartaich. Bha e a' falbh às a chèile ri mo chiad chuimhne-sa. Agus bha sead aig Dòmhnall Ruairidh ann a shin far am biodh e a' kippreadh.

Agus a bheil na cidheachan sin fhathast rim faicinn?

Chan eil. Chan eil sgeul air... a' chidhe aig am biodh an Loch Mòr a' tadhal, 's e sinn fhèin nuair a bha sinn ag obair aig a' bhradan a chuir às a chèile i. Chuir sinn cidhe concrete na àite.

Càil sin a-nis?

Tha a-muigh ann a shiud... Seall far am faic thu an t-eathar beag agus taigh-cuibhle geall air eathar a-muigh ann a shin? Seall an sead mòr a tha shìos ann a shiud. Sin agad far an robh an cidhe sin. Bhiodh an Loch Mòr a' tadhal ann a shin Dimàirt 's Diciadain 's Dihaoine.

Agus dè chanas sibh ris a' chidhe seo? [pointing]

'S e an Stèisean a bh' aca air a sin. Bha iad a' cutadh ann a shin cuideachd. 'S ann sna ... cuin a bhiodh ann... trì fichead 's a deich no roimhe sin 's dòcha a chaidh an cidhe sin a thogail. Nuair a thug sinne dhachaigh a' chiad *Rìbhinn Donn* ann an trì fichead 's a sia deug 's ann air acaire a bha i. Cha robh an cidhe ud ann idir.

Agus far a bheil a' factoraidh ann a shin shìos, cùin a chaidh sin a thogail?

O 's ann a chaidh sin a thogail còmhla ris a' factoraidh fhèin. Cha robh cidhe ann a shin no càil riamh. 'S ann a chaidh an cidhe sin a thogail nuair a chaidh am factoraidh a thogail.

Agus far an robh an aiseag a' tighinn a-nall, an ann dìreach airson na h-aiseig a chaidh sin a dhèanamh?

O 's ann, 's ann.

Cha robh gnothaich aig a sin ri iasgach.

Cha robh, cha robh. Chaidh sin a dhèanamh airson an aiseig.

Agus na sgeirean a tha timcheall ann a sheo...bidh fios agaibh air na h-ainmeannan aca air fad.

O tha. Ha ha! Agus dh'fheumadh fios a bhith agam cà robh iad cuideachd! Ha ha!

Dh'fheumadh! Dè na sgeirean a bha timcheall matha? Dè chanas sibh ris a seo a-muigh?

Rubha nan Cudaigean a tha sin. Tha tè ann a shin as deidh dhut a dhol timcheall *Rubha nan Cudaigean* 's e *Sgeir NicCuinn*, ge brith cò bh' ann an *NicCuinn*. [...] 'S e bh' air an tè sin. Bha tè thall dhan a sin aig *Stiughaidh* air a bheil *Sgeir a' Cheann Reamhair* agus tha an uair sin *Sgeir a' Bhràghaid Mhòir* an taobh a-muigh dhan a sin. Agus tha *Sgeir Urgha* ris a' chladach shuas ann a shiud, dìreach air *Urgha* agus tha *Cuidhtis Sgeir* an taobh shuas de

Sgeotasaigh ann a shin agus tha, sin agad na tha timcheall ann a sheo faodaidh mi a ràdh.

Dè mu dheidhinn a' dol a-mach gu na h-Eileanan Mòra?

Chan eil càil ann a shin. Eadar seo agus na h-Eileanan Mòra, thèid thu a-mach an Caol ann a sheo agus a' cumail dìreach air na h-Eileanan Mòra chan eil càil ann. Ach tha sgeir ann ris an can iad *Damhaig* – tha i anns an òran sin a bhios d' athair a' seinn. Tha solas an-diugh oirre, air *Damhaig*. Tha *Sgeir an Nodha* a-mach bhon an t-solas a-nise, tha trì...nam biodh tu a' falbh às a seo an-dràsta gu ceann a tuath an Eilein Sgìtheanaich, tha trì sgeirean ann an loidhne a chèile. Tha *Sgeir an Nodha* 's tha *Sgeirean Maola* agus *Griadaich a' Chuain*. Tha na trì sin a-mach eadar thu agus ceann an Eilein Sgìtheanaich. Tha *Griadaich a' Chuain* air an tè sin a-nis agus tha *Griadaich* eile a-mach an Iar Dheas air an taigh sholais nas fhaisge air tìr – tha solas oirre sin an-diugh cuideachd - *Griadaich*.

Ach dh'fheumadh fios a bhith agaibh air na sgeirean sin.

O Thia dh'fheumadh.

An e ur n-athair a bha ag innse dhuibh mun a sin?

Thàinig e a-nuas anns na linntean.

Bha sibh a' cluinntinn mun deidhinn nuair a bha sibh a' fàs suas?

Bha, bha. Nuair a chaidh mise a-mach an toiseach còmhla ri Iain cha robh mòran eòlais agam ach mar a bha mi a' dol air adhart...

An deacha sibh riamh air sgeir?

Chaidh. Chaidh air oidhche, leatha siud. Chan e mise a bh' oirre ach Iain. Thàinig sinn tarsainn ...cha chreid mi nach ann às an Eilean Sgìtheanach a thàinig sinn, mi fhèin agus am *Majestic*. Oidhche greannach, dhorcha gheamhraidh ann. Agus bha an ràdar aige cuideachd agus an dèidh tighinn timcheall ceann *Stiughaidh* ann a shiud a-muigh...bha mise air a' chùlaibh san taigh-chuibhle agus chunnaic mi – dhèanadh tu a-mach na solais air an jetty thall ann a shiud...chitheadh tu an *jetty* a' dèarsadh agus thuirt mi ri Iain “Tha thu a' cumail ro fhaisg air cùl Àird na Cille.” Agus chuir e car dhan a' chuibhill a-mach, dol a thighinn chun an làimh cheàrr leatha – gu port – agus an ath rud bhuail i! 'S e dorchadas na h-oidhche agus aig an àm shioft e ... bha e ag atharrachadh... bha e a' dèanamh an dealbh air an ràdar na bu mhotha agus anns an t-siofteadh a bh' aige chaill e dìreach agus bha am *Majestic* a' tighinn às ar dèidh. Stioc i – cha tàinig i dheth idir. Dh'fhan i gus an do thog an làn i.

An deach milleadh a dhèanamh oirre?

Chaidh dìreach beagan millidh a dhèanamh oirre. Cha deach milleadh mòr sam bith a dhèanamh oirre. Cha tàinig i gi eudìon no càil dhan t-seòrsa sin. Sin agad an aon rud air a bheil cuimhn' agam.

An do ghabh sibh riamh eagal a-muigh aig muir?

Cha do ghabh. Chan urrainn mi ràdh gun do ghabh mi riamh eagal fhad's a bha mi ann.

Robh sibh riamh air ur glacadh a-muigh ann an gèile?

Bha sinn a-muigh ann an gèilltean gun teagamh, bha, ach chan urrainn mi ràdh gun do ghabh mi riamh eagal.

Dè an gèille a bu mhiosa san robh sibh a-muigh?

O bha aig 9 no 10, bhiodh sin a' tachairt.

Bha sin gu math curs!

O bhiodh. Bha sin a' tachairt ach cha deidheadh tu a-mach air a shon ach 's dòcha gun tigeadh e ort.

Dh'fheumadh sibh a bhith a' cumail sùil air an tìde.

O dh'fheumadh, dh'fheumadh. Ach bha earbsa agad anns an fheadhainn a bha còmhla riut. 'S e Iain sa bhitheantas a bha a' sgiobaireachd. Bha e na bu shine na mise agus bha na b'èolaiche na mise. Bha earbsa agam às. Tha mi creidsinn gun robh sin a' sàbhaladh nach robh eagal orm. Agus bha a h-uile duine, anns an t-suidheachadh san robh mi. Bha earbsa agad às an duine a bh' air do cheann.

An robh agaibh ri tiocaid a chosnadh airson a dhol gu muir?

Bha. Nuair a chuir sinn airson a' chiad *Rìbhinn Donn* bha i dìreach fon a' chòig tunna fichead. Ma bha eathar agad seachad air còig tunna fichead cha robh feum agad air ticead. Bha i an taobh a-staigh dhan a sin...cha robh i buileach an còig tunna fichead. Ach 's e an t-airgead a fhuair sinne airson a' chiad *Rìbhinn Donn*, cha b'ann o Bhòrd Leasachaidh na Gàidhealtachd a fhuair sinn idir e ach o Bhòrd an Sgadain. *Herring Industry Board* ann an Dùn Èideann bhon d'fhuair sinne cuideachadh airson a' chiad te. Aig an àm sin chomhairlich iad dhan dàrna fear againn a dhol airson tiocaid – mi fhèin no Iain. Agus bha Iain na bu shine na mise agus thuirt Iain “Thig thusa air a son.” Agus dh'fhalbh mi fhèin agus dithis bhalach eile às a seo agus chaidh sinn a Dhùn Èideann, a Lite agus sinne a' chiad fheadhainn ann an Sgalpaigh a fhuair tiocaid.

Dè an ùine a bha sibh ann a shin?

Bha faisg air trì mìosan. Còrr air dà mhìos co-dhiù. Bha sinn a' fuireach ann an Dachaigh nan Seòldairean ann an Lìte. An uair sin dè an ùine...a-nise nuair a thàinig an dàrna Rìbhinn Donn dh'fheumadh i sin tiocaid oir bha i seachad air...

Ach bha an tiocaid agaibh.

Bha an tiocaid agamsa, ach bha sin a' ciallachadh mura bithinnsa air bòrd, cha b'urrainn do Iain a dhol a-mach leatha. Agus dh'fhalbh Iain an uair sin agus 's ann a bha e seachd bliadhna na bu shine na bha e nuair a fhuair mise i. Ach dh'fhalbh e 's fhuair e i. Chaidh grunn dha na balaich ann a sheo airson tiocaid – uill dh'fheumadh iad. Mar a bha Coinneach Sticidh ann a shin agus Dòmhnall Beag Dhòmhnail Maireid agus Murchadh Mòr, Murachadh Ailig Aonghais Bhàin agus Dàbhaidh agus a h-uile duine dha na balaich sin.

An robh agaibh ri pàigheadh airson sin a dhèanamh?

Cha robh, cha robh.

Agus an cuideachadh a bha sibh a' faighinn airson eathraichean a cheannach, an robh agaibh ri phaigheadh air ais no an e grant a bh' ann?

Bha an dà chuid ann. Bha cuid aca a' faighinn iasad cuideachd.

Ach bha sin na chuideachadh.

Bha, bha. Tha cuimhn' agamsa, cuin a bh' ann a-nise. 1977, chaochail Ceiteag Thormoid shìos an rathad ann a sheo – an tè a bha pòsta aig Calum na Corraig. 'S e bràthair dhìthse aig an robh an *Scalpay Isle*. Agus nuair a chaochail Ceiteag bha an tiocaid aigesan, aig Fionnlagh, ach cha robh tiocaid aig duine a bh' air bòrd ach e fhèin. Agus nuair a chaochail Ceiteag, dh'fhuirich esan a-staigh airson seachdain no dhà agus thàinig e far an robh mise ach an deidhinnsa a-mach na àite air an *Scalpay Isle* oir bha tiocaid aig Iain airson an *Rìbhinn Donn*. Agus chaidh mise a-mach cola-deug no rudeigin anns an *Scalpay Isle* an àite Fhionnlaigh. Leis an lagh bha e rudeigin cunnartach ma bha càil dol a thachairt agus gun cuideigin le tiocaid air bòrd.

Tha tòrr eòlais agaibh air an iasgach – tha sin follaiseach.

Chan eil mi cho eòlach ri Murachadh Dhòmhnail Iain idir ach bha e ris na b'fhaide na bha mise.

DISK ENDS

